

1 [TD 1]

2

3 ORAIN

4 LE

5 GILLEASPUIG CAIMBEUL,

6 CEANN-LOCH-EARN.

7

8 DÙN-EUDAINN:

9 CLÒ-BHUAILTE LE MAC-IAIN AGUS HUNTER,

10 15 DE SHRÀID A' PHRIONNSA.

11

12 1851.

13

14 [TD 2]

15

16 [Blank]

17

18 [TD 3]

19

20 CLAR-INNSIDH.

21

22 TAOBH-DUILLEIG.

23 1. Oran-molaidh do nighinn àraid,	5	
24 2. Oran-molaidh do nighinn uasail àraid,		11
25 3. Pachd Chliùdain,	16	
26 4. Oran do'n t-Samhradh,	19	
27 5. An Ad chruaidh,	25	
28 6. A' Phìob-thombaca,	28	
29 7. Fear na seilg,	32	
30 8. Oran do 'n t-sealgair,	35	
31 9. Cor na Gàidheilteachd,	39	
32 10. Oran do Phìobair Cheannloch-Earn,		43
33 11. Damh na h-eàrnaich,	50	
34 12. Oran do'n ghunna,	53	
35 13. Cailleach na Beurla,	56	
36 14. Blàr Thullachain,	57	
37 15. An Lorg dhubh,	58	
38 16. Oran do Dhealbh,	60	
39 17. Gabhair Donncha Aonghais,	61	
40 18. Oran do'n Eididh Ghàidheilich,		63
41 19. Oran Gaoil,	69	

42

43 [TD 4]

44

45 [Blank]

46

47 [TD 5]

48

49 ORAIN.

50

51

52 ORAN-MOLAIDH DO NIGHINN ARAID.

53

54 Mo dhùrachd do'n òg-mhnaoi,
55 Tha còrr air gach te,
56 Am maisealachd 's an àilleachd,
57 'S do nàdur do réir;
58 Ciùin, càirdeil, gun àrdan,
59 Gun anntlachd, gun eud;
60 Caoin, modhail, banail, cianail,
61 Gun mhìothlachd, gun bheud;
62 Tha rian 'us tuigse,
63 Ciall 'us gliocas,
64 Miadh 'us meas do réir,
65 'S a' chom, a 's gloine daoimean,
66 Gun fhoill ann ad chré.

67

68 II.

69 Ged do dheanta' mi cinnteach
70 A nì na Roinn-Eòrp',
71 America's na h-Innsean,

72

73 [TD 6]

74

75 Le 'n sìoda 's le'n sròl,
76 Ann an còraichibh sgrìobhta,
77 Nach dìobradh ri m' bheò,
78 Gu'm b'annsa leam an rìbhinn,
79 Do 'n ìnsinn mo leòn;
80 Geug na maise,
81 Reult na maidne
82 A's gloine dreach na 'n t-òr;
83 Cò 's urrainn trian do d' bheusan
84 A leughadh air chòir?

85

86 III.

87 Chaidh urrad ghibhtean nàduir
88 A chàramh a' d' chòir,
89 'S nach urrainnear an àireamh,
90 Le bàrdaibh na h-Eòrp';
91 Do shubhailcean 's do bhuidhean,
92 A ghluais mi gu ceòl;
93 Do nàdur caoimhneil, suairc,
94 Gun truailleadh, gun ghò;
95 'S tu iùlmhor, dleasdanach,
96 Fiùghail, teisteil,
97 Mùirneach, seirceil, còir;
98 'Us t-àilleachd toirt bàrr
99 Air Diana 's gach sèol.

100

101 IV.

102 'S gur gile thu fo d' léine

103 Na éideag a' chùirn;
104 Na sneachd ri là gréin',
105
106 [TD 7]
107
108 Air eudainn nan stùchd;
109 Na 'n t-anart tana, caoin-gheal,
110 A's daoire 'thig á bùth;
111 Na bainne blàth na buaile,
112 Gun truailleadh le bùrn;
113 Dà shùil mheallaich
114 Fo d' chaol-mhala;
115 Rosg a's gloine iùl;
116 Dà ghruaidh mar lasair chéire,
117 'S do dheud dhaingean dhlùth.
118
119 V.
120 T-fhalt cam-lubach 'n a dhualaibh,
121 Gu d' ghualnean a' fàs,
122 Trom, torach, 's e neo-luaidhte,
123 'Na chuirteagaibh tlàth;
124 Gu bachlach, amlach, cuachach,
125 A's snuadh-ghloine deàrrs';
126 'S a dhreach air fiamh na gréin',
127 'N àm dhi éirigh 's a' Mhàigh;
128 T-aghaidh bhanail,
129 Gun ghnè smalain;
130 Gnùis, a's geanail' fàilte,
131 'S do mhuineal lurach, caoin-gheal,
132 Mar fhaoilinn na tràighe.
133
134 VI.
135 Do chìochan corrach, lìontach,
136 A's fìor-ghloine snuadh,
137 Fo chòmhdach de'n t-sìoda,
138
139 [TD 8]
140
141 Mar dhìon doibh o 'n fhuachd;
142 An dreach mar shneachd an t-sìr-chuir,
143 No mìn eala 'chuain;
144 Co geal ri canach mòinteich,
145 No neòinean nam bruach;
146 Uchd mar chriostal,
147 Bian-gheal, taghta,
148 Fiamh-ghlan, stadhta, bàn,
149 Air rìbhinn a' chùil shnìomhain,
150 'Chuir ciadan (1) fo phràmh.
151
152 VII.
153 Cha 'n 'eil creutair talmhaidh,

154 'Fhuair sealbh anns an àirc,
155 No iasg air doimhneachd fairge,
156 Nach dealbh thu le d' shnàthaid;
157 Le t-òr-shnàithnean mar theudan,
158 Cur gréis-obair àilt,
159 Air brat geal-ghlan, sìoda;
160 Dealbhadh ìomhaidh, le do làimh,
161 Gach ròs 'us meas,
162 A chinn an leas;
163 Gach crann 'us preas air blàr,
164 'S gach plùr 'us lusan uain',
165 Air na cluaintean a' fàs.

166
167 VIII.
168 Gur binne leam do chò'radh,
169 Na'n smeòrach air ghéig;
170 Na 'chuach 's a'mhaduinn Mhàigh,

171
172
173 (1) Ceudan.

174
175 [TD 9]

176
177 Cur fàilte le séisd';
178 Na pìob nan dosa fàinneach,
179 'N uair b' fheàrr bhiodh a gleus;
180 Na 'n t-Easpuig air la Sàbaid
181 No clàrsach nan teud;
182 Ceòl a' bhinneis,
183 Tiamhaidh, milis,
184 Teachd o d' bhilibh réidh,
185 A dh'fhògradh gach gnè thùirneil,
186 'Us thuirse o m' chreubh.

187
188 IX.
189 'S gur math thig gùn de'n t-sìod',
190 Air an rìbhinn, a's uaisl';
191 'Us stapuill òir 'n a chùl-thaobh,
192 'G a dhùnadh mu 'n cuairt,
193 Mu d' phearsa, a's gloine giùlan,
194 Nach lùbadh le cluain;
195 'S gnùis-bhrat nam plùr bàn-gheal,
196 Cur sgàile air do shnuadh,
197 Thar bràghad fallain,
198 Air bhlàth canaich,
199 Nan tùr geala nuadh;
200 'S crios muineil nan clach-òmair,
201 'G a chòmhdach' mu'n cuairt.

202
203 X.
204 Thig fàinnean òr-bhuidhe, dearg',

205 'S cùirn-ghorma nan cùl,
206
207 [TD 10]
208
209 Mu d' chaol mheòir dhaithte, gheal-ghlan,
210 Tha dearbhta air gach tùrn;
211 Air sgrìobhadh tha thu sàr-mhaith,
212 Gun fhàillinn 's a' chùis,
213 Gun choire ort ri àireamh,
214 An àilleachd no 'n iùl;
215 Ainnir dheas, a's gloine dreach,
216 Mar dheilbhin shnaidhte, ùr,
217 Do 'm feumadh slòigh na Gréige,
218 Bhi sleuchdadh air an glùn.

219
220 XI.
221 Do chalpa corrach, teann-ghlan,
222 A's fann-ghile snuadh,
223 Mar bhradan nan lann meanbh-bhreac,
224 A fhuair sealbh anns a' chuan;
225 Bròg dhubh nam bucull airgid,
226 Nach ceannaichte gun luach,
227 Mu'n troidh nach frois an drùchd,
228 Bhios air plùran nam bruach;
229 Oigh, dheas-ghlan,
230 Chaomh-chruth, chas-chruinn,
231 Mhaoth-mhìn, bhas-gheal, shuairc,
232 'S gun choire, 'dh fheudta leughadh,
233 Air euchdaig nam buadh.

234
235 XII.
236 Chunntainn e bhi saibhir,
237 An oighreachd 's an luach,

238
239 [TD 11]
240
241 Aon gheibh 'na luib thu,
242 Fo cheanglaichibh buan;
243 Do bheadradh 'us do dheadh-ghean;
244 Do chaoimhneas gun ghruaim;
245 Do bhanalas 's do dhìlseachd,
246 Air mìltean toirt buaidh;
247 Clach-iùil thàirneach;
248 Grian-ghath samhraidh;
249 Reulainn dheàlrach, nuadh;
250 'S gun smal air cliù na maighdinn,
251 Ach loinn agus uaisle.

252
253
254 ORAN-MOLAIDH DO NIGHINN UASAIL ARAID.
255

256 I.

257 Feasgar Luain 's mi a muigh air chuairt,
258 'S a' ghleannan uaine, neòineanach;
259 'S mi bhi 'm shìneadh air an luachair,
260 Bhruadair mi 's bu neònach leam,
261 An rìbhinn uasal, a's mò buaidhean,
262 Bhi cluaineis co-luath rium,
263 'S 'n uair a mhosgail mi o'n tùirneal
264 Bha mi tuirseach, brònach, dheth.

265

266 II.

267 O! cha robh ann ach faileas faoin,
268 Cha robh mo ghaolach co-luath rium;

269

270 [TD 12]

271

272 'N uair shaoil mi i bhi dlùth do làimh,
273 O! b' fhad' a thàmh o m' chò'radh i;
274 An rìbhinn ùr, do 'n d' thug mi an ùidh,
275 Dh' fhàg brùite, tinn, fo m' chòta mi;
276 'S mar faigh mi còir oirre le cinnt,
277 'S i 'chìll a's àite-còmhnuidh dhomh.

278

279 III.

280 Gu cinnt càirear mi 's an uaigh,
281 Ri luathas mar dean thu tròcair orm;
282 'S mi an ceangal aig do ghràdh cho buan,
283 'S nach dualach dhomh bhi sòlasach;
284 Oir ged do shiubhlainn deas 'us tuath,
285 Mu 'n cuairt air an Roinn-Eòrpa so,
286 Cha'n 'eil bean eugais ann do m' luaidh,
287 Am beus, an uaisle, 's an spòrsalachd.

288

289 IV.

290 Cha'n 'eil bean eugais ann do m' ghràdh,
291 No te 'bheir bàrr am boidhchead ort;
292 O chrùn do chinn, gu sàil do bhuinn,
293 Ro chumta, grinn, gun lòdalachd;
294 Cha'n 'eil cron cumaidh ort r' a luaidh,
295 'S gu bheil do bhuidhean còrdadh rium;
296 'S bithidh sàr dhaoine-uaisle ag òl á cuachaibh,
297 Slàinte bhuan an còmhnuidh dhuit.

298

299 V.

300 Bithidh sàr dhaoine-uaisle, treubhach, tapaidh,
301 Spéiseil, gasda, mòr-chuiseach,

302

303 [TD 13]

304

305 Ri luaidh gun bheud air beul nam beus,
306 'S a' cur an céill a dòighnean;

307 'S iomad òigear fearail, fìnealt',
308 'S pailteas nì, 'us stòrais dhoibh,
309 A chunntadh suarach iad, gu léir,
310 Air ghaol bhi réidh am pòsadh riut.

311

312 VI.

313 O! 's ann air ceann nan iomadh dual,
314 A dh' fhàs a' ghruag a's dòmhaile;
315 Gu pleatach, cuachach, dreachmhor, snuadh-dhubh,
316 Lùbach, dualach, feòirleineach,
317 'S an sìoda, 'thig o na h-Innsean Shuas,
318 Air uachdar, cumail còmhdach air;
319 'Us pàirt dheth crochadh sìos gu d' ghuailnean,
320 'S òr do chluas 'g a chòmhlachadh.

321

322 VII.

323 O! 's lìonmhor buaidh, a tha riut fuaighte,
324 Nach gabh luaidh no fòghlum dhomh;
325 'S tu an fhìor fhuil uasal, nach robh suarach,
326 Dhuit bu dual o d' sheòrsa sin,
327 Na sruthain mheara, ghìana, uaibhreach,
328 Dìreadh suas ad phòraibh-sa;
329 O! 's glan an ìre, o'n deach do bhuaineadh,
330 Cha robh snuadh an fhòlaich oirr'.

331

332 VIII.

333 Dà mhala chaoil, mar it' an eòin,
334 Air gnùis, a's bòidhche fàilteachadh;

335

336 [TD 14]

337

338 Dà shùil mar dhearcagan an fhraoich
339 A t-aodainn, 'us fiamh-ghàire orra;
340 Tha deud gheal, shnaidhte, mar a' chaile,
341 Am beul na maise a' tàmhachadh;
342 Do bhilean tana, dearg', mar ròs,
343 'S do phòg mar ùbhlán gàraidh leam.

344

345 IX.

346 Cha'n ann mar chraoibh an coill gun sgoinn,
347 A dh' fhàs an loinn bhean àluinn so;
348 No mar lus am fàsach faoin,
349 A bhiodh feadh fraoich nan àrd-bheannan;
350 Ach slat de'n abhal, a bha daor,
351 Ri 'n d' fhuairear saothair a' ghàradair;
352 'S i ùrair, dìreach, dosrach, caomh,
353 'S a h-ùbhlán maoth a' fàs oirre.

354

355 X.

356 Tha deirg' ad ghruaidh mar chaorann chrann,
357 A bhitheas feadh ghleann 's na fàsaichean;

358 Do chiochan corrach, geal, gun mheang,
359 'S an sìoda teann an càramh orra;
360 Muineal geal, mu'n iadh an t-òmar,
361 Chìteadh an t-òr a' deàrsadh air;
362 'S e gaol do phòig, a rinn mo leòn',
363 'S a dh' fhàg fo bhròn an tràth-sa mi.

364

365 XI.

366 Do sheang chorp sàr-gheal, fallain, nuadh,
367 Mar eala 'chuain an spòrsalachd;

368

369 [TD 15]

370

371 No mar fhaoilinn, 'thig o'n tràigh,
372 Gun d'thoir thu bàrr am boidhchead orr';
373 No mar éidig ghil nan càrn,
374 'N uair tharladh tu air mòintich orr';
375 No mar chanach an cois cà'ir;
376 No sneachd bàn air mòr-bheannan.

377

378 XII.

379 Do chalp' geal-ghlan, cuimte, garbh',
380 Air dealbh a' bhradain shàile;
381 'S an troidh, gun chearb, a's foirmeil' falbh,
382 Nach dochunn calg nan àileanan,
383 Am bròig phiollaich, dhuibh, o'n bhùth,
384 Théid ginidh 's crùn a phàigheadh oirr';
385 An àm do dh-fhidhioll chur air sunnd,
386 Bu ghrinn air ùrlar-clàraidh thu.

387

388 XIII.

389 Mar choinneil chéir' an coinnleir òir,
390 Air bòrd 's i deanamh deàlradh dhuinn,
391 Tha fiamh na h-òg-mhna, a's blasda glòir,
392 Am bòidhchead 'us an àilltealachd;
393 No mar dhaoimean am measg òir,
394 Am bòidhchead, bheir thu bàrr orra.
395 No mar lili air na lòintean,
396 Tha còrr an àillteachd orr'.

397

398 XIV.

399 'S ge h-éibhinn leibh a dheàlras grian,
400 Air sliabh ri maduinn cheòbhanaich,

401

402 [TD 16]

403

404 Cha ghabh i samhlachadh ri m' chiall-s',
405 Cha'n'eil i trian am bòidhchead dhi;
406 'S tu reult-iùil os-cionn nan nial,
407 Tha miaghail aig gach seòladair,
408 A'deàlradh anns an àird-an-iar,

409 'S iad 'g earbsa trian de'n eòlas riut.

410

411 XV.

412 'Us ged do chuir mi cuibhrionn sìos,

413 A réir mo mhiann, an òrdugh dhuit,

414 Cha chuirinn crìoch, a chaoidh, le rian,

415 Ach gann, air trian de do dhòighnean;

416 Ach fhir, a dh' imicheas mu 'n cuairt,

417 Na ceil mo dhuan, ach fòghlum e,

418 Do'n mhaighdinn, a chunnaic mi Dì-luain,

419 Anns a' ghleann uaine, neòineanach.

420

421

422 ORAN DO PHACHD CHLIUDAIN.

423

424 I.

425 Bha marsanta, roimh so, siubhal na dùthcha,

426 Ris an canadh iad Cliùdan,

427 'S b'es' an giùgairneach tàireil,

428 A chiabhan air glasadh, 's a bhathais air rùsgadh;

429 Croit air a chùlthaobh,

430 'S a shùilean gun fhàbhrainean;

431 Gun bharr-iall na bhrògan,

432 Gun dòigh air an teannachadh,

433

434 [TD 17]

435

436 Ged bha airgiod 'na phòcaid,

437 Le deadh sheòl air an ceannachadh;

438 Ach cha'n iarradh Cliùdan a phùidse bhi falamh

439 'Us gu'm b'aon de luchd-malairt an stòrais e.

440

441 II.

442 'S gu'm fiach (1) mi r'a nochdadh dhuibh

443 Coslas na màileid',

444 Bh'aig Cliùdan, ge dàna bhi cò'radh air;

445 Laoicionn ruadh, alaimte,

446 De bhian a' bhuic-earba,

447 Le fionnadh agus calg air a chòmhdachadh;

448 Còrr 'us sia slata diag, (2)

449 De dh-iallan 'g a teannachadh,

450 Cho math 'us bh'aig griasaich,

451 A bha riadh anns an fhearann so;

452 Cuid dhuibh crochadh gu 'shàiltean,

453 A mhàn air an talamh,

454 'Us cuid eile gu barraibh a bhrògan dhiubh.

455

456 III.

457 'N uair thigeadh Cliùdan 'san t-sealladh

458 Gu farumach, stàtail,

459 Dh'aithn'chte eadar 'us fàir, ri latha ceò'mhor e;

460 Bha 'mhàileid an tomad
461 Mar bholla de ghnàiseach;
462 Mar phaca olla, no crà-leabaidh chloimh-itich;
463 Bha siabunn gun fhàillinn innte,
464
465
466 (1) Feuch.
467 (2) Deug.
468
469 [TD 18]
470
471 Chum àird chur air ceanaltas;
472 Dubhan do'n iasgair,
473 'S do'n ghriasaich bha minidh innte;
474 Rèusaran giarr', (1) air son fiasag (2) a bhearradh,
475 'Us sgian, air son gearradh na feòla, innte.
476
477 IV.
478 Bha guirmean 'us màdur,
479 'S a' mhàileid aig Cliùdan;
480 Bha tea agus siùcar, 'us ròsaid innte;
481 Bha friodhanan mhuc,
482 Agus trusachan càrcaich,
483 'Us spiaclairean (3) àrd' air son shrònan innte;
484 Bha siosar do'n tàillear,
485 'Us snàthadan do'n bhan-fhuaighealaich;
486 Briog'sean bàna, 'chumail blàthais
487 Air na caileagan,
488 Miarain, (4) 'us fàinnean, 's làmhainnean tana,
489 Agus paid'rinean glana, de'n òmar innte.
490
491 V.
492 Bha iomadaidh rìomhadh,
493 Gu dìomhair an tasgaidh,
494 'S an laoicinn ruadh, chaiteanach, ròmach, ud;
495 Bha earrasaidean sìod',
496 Agus cìrean, gun airceas,
497 'Us pìoban tombaca innte, le'n còmhdach;
498 Bha pìorbhuicean amlagach,
499 Cam-lubach, daithte,
500
501
502 (1) Geur'.
503 (2) Feusag.
504 (3) Speuclairean.
505 (4) Meurain.
506
507 [TD 19]
508
509 Air son bhathaisean maol',
510 Agus adhaircean tombaca, innte;

511 Spliùcanan ròin, 'chumadh còrr agus cairteal,
512 'Us rib', air son glacadh nan còinean, innte.

513

514 VI.

515 Bha uaireadair' dhearbhta,
516 Air an ceangal an airgiod,
517 A dh'innseadh mu aimsir nan tràthan, innte;
518 'Us gloineachan-beachdachaidh,
519 A dhearcadh air garbhloch,
520 Bhiodh feumail do shealgair nam fàsaichean;
521 Bha riobanan rìomhach,
522 De'n t-sìoda bu ceanailte, innt',
523 Dubh agus dearg, 's iad ball-bhreac mar chailico;
524 Neàpaicean-pòca,
525 Air son srònan a ghlanadh,
526 'Us bucuill, a cheangal bhrògan, innte.

527

528

529 ORAN DO'N T-SAMHRADH.

530

531 I.

532 Gu bheil a'bhealltainn air tigh inn,
533 'Thogadh fonn air gach cridhe, 'tha fo ghruaim;
534 Dh' fhalbh an dùlachd 's a'ghaillionn,
535 Rinn ar ciùrradh 's ar crannadh le fuachd;
536 Theirig fuar-speech nam beannan,
537 Chaidh a fuadachadh car tamuill air chuairt,

538

539 [TD 20]

540

541 'S tha a'ghrian a'deàrsadh le lainnir,
542 'Chuireas pòr as gach fearann le buaidh.

543

544 II.

545 Bithidh gach creutair air thalamh,
546 Teachd gu speurad, (1) gu anail 'us luathas;
547 Brùchdaidh fear as an talamh,
548 Agus duilleach air chrannaibh le buaidh;
549 Bithidh eòin bhuchullach air gheugan,
550 Seinn nan luinneag, 's gu 'm b'éibhinn r'a luaidh,
551 Toirt cliù do'n Tì, ' thug dhoibh saorsa,
552 'S a rinn an teàrnadh troimh fhaoilteach an fhuachd.

553

554 III.

555 Anns a'chiùin-mhaduinn Chéitein
556 Am dhomh dùsgadh, 'us m'éididh chur orm,
557 Phlùra' brùchdadh air gheugan;
558 Drùchd mar chùrainn air na réidhleanan gorm'
559 A'chubhag chùl-ghorm gu h-éibhinn,
560 'S gu-gùg aic' air gheugan le foirm,
561 'S na h-eòin uile 'g a beusadh,

562 S gu'm bu mhùirneach bhi 'g éisdeachd ri'n toirm.

563

564 IV.

565 Goiridh smeòrach air gheugan

566 Ann an ùr-dhealt a'Chéitein 's a'cheò,

567 'S bithidh ealtainnn an t-sléibhe

568 Gleusadh an ceileirean éibhinn 'g a còir;

569

570

571 (1) Spiorad.

572

573 [TD 21]

574

575 Cha chualas le m' chluasan,

576 Pìob no fidhioll, 'bheir buaidh air an ceòl,

577 'N uair a sheinneas an cuaineal,

578 Binn-phuirt, loinneil, gun truailleadh, gun ghò!

579

580 V.

581 O! 's binn an dùrdanaich chianail,

582 Ann an ùr-mhaduinn, ghrianaich 's a' cheò

583 Coileach-dubh agus liath-chearc,

584 Air stùchdaibh nan sliabh-chnoc, ri ceòl;

585 Crònan tiamhaidh, fìor bhlasda,

586 Seinn o 'n gearr-ghuib, a's snas-bhinne ceòl,

587 'S iad an caidreamh a chéile

588 Gun eagal sagairt, no cléire, no stòil.

589

590 VI.

591 Bithidh eoin-ruadh' air na raointean,

592 Air stùchdaibh nan aonach, 's nan sliabh,

593 'S cha n iarr iad sòlasan saoghalta,

594 Ach bàrr an fhraoich air son eudaich, 'us biadh;

595 A'chòisridh neò-chiontach, ghuamach,

596 Air an còmhdach' o 'n fhuachd le deadh dhìon;

597 'S uisge fallain nam fuar-bheann,

598 An deoch-mhaidne gun truailleadh, gun ghìomh.

599

600 VII.

601 'S ann leam a b' éibhinn an eala,

602 Air feur-lochan nan gleannan a' snàmh;

603 Guileag bhinn aic' a' tùchan,

604 Seinn nan ceileir, a b' iùlmhoire rann;

605

606 [TD 22]

607

608 Ceòl àbhaiseach, éibhidh,

609 Teachd o phìoban a cléibhe gun mheang

610 Le suanach mhìn-thlath, mar chanach,

611 'S i air ghilead mar ghaillinn nam beann.

612

613 VIII.

614 Chi mi peucagan àluinn,
615 Mu 'n cuairt air na gàraidhean-phlùir,
616 'S gu bheil an sgeadachadh le àillteachd,
617 Na's sgiamhaich' na bàn-rìghinn a' chrùin;
618 An trusgan òr-mhaiseach, boillsgeil,
619 Uaine, fiamh-ghorm, soills'-dhearg, dlùth,
620 Le 'n stiùirean daoimeanach, ball-bhreac',
621 Craobh-sgaoileadh mar dhealbh air an drùchd.

622

623 IX.

624 Bithidh na lachai' gu cuannar,
625 Air na feur-lochain uain' a' snàmh;
626 'Us pàirt dhiubh 's an luachair,
627 Gabhail fasgaidh taobh bhruachan nan allt;
628 'S bithidh na tàrmachain bhreaca,
629 Air na stùchdan fo stachdan nam beann,
630 Seirmeadh an crònan le taitneas,
631 'S b'e mo shòlas bhi dearc' os an cionn.

632

633 X.

634 Bithidh am bradan slios-shleamhuinn, it'-bhuidh',
635 'A snàmh anns an uisge 's b'e 'mhiann;
636 'S mar lùirich-mhàillich tha a lannan,

637

638 [TD 23]

639

640 'G a chòmhdach' thairis le dìon;
641 A lannir shuaiceanta, mheanbh-bhreac,
642 A' soillseadh mar airgiod ri grian;
643 Gu srithteach, rionnagach, tàrr-gheal,
644 Crom-ghobach, giùireineach, 's ball-dheirg' fiamh.

645

646 XI.

647 An samhradh lusanach, feurach,
648 Grianach, maoth-dhealtrach, céiteineach, tlàth,
649 Sòbhrach, seamragach, ceuteach;
650 'S neòineanach, gucagach, eudainn gach àird';
651 O! 's ùbhlach, figiseach, peurach,
652 Dearcach, gìniseach geugan neo-ghann;
653 'S an duilleach uainealach, nòsar,
654 Mar shuanaich, 'còmhdachadh chrann.

655

656 XII.

657 Ann am frìdh nan damh spéiseil,
658 B'e 'n toil-inntinn, 'n uair a dh éireadh a' ghrian,
659 A bhi siubhal nan sléibhtean,
660 Coimhead buidhinn gun euslaint, gun ghìomh;
661 A' ghreighean aigeannach, eutrom,
662 Chròcach, chabrach, 's cèir-ghile fiamh;
663 'S na laoih ri guaillibh nan éildean,

664 Mar lodhainn air èill air an t-sliabh.

665

666 XIII.

667 Bithidh an ruadh-bhoc gu h-ùdlaidh,
668 Ann an sgàile, fo dhùslainn nan geug,

669

670 [TD 24]

671

672 Anns na doireachan giùbhasaich,
673 Far an goireadh an smùdan le séisd';
674 'S an earbag bhian-dearg, uallach,
675 Chèir-gheal, ghasganta, 's luainiche ceum
676 'S a meannan fiata r'a gualainn,
677 Anns na glacagan uaigneach, gun bheud.

678

679 XIV.

680 'S bithidh an seillean ciar-bhallach, srian-bhuidh',
681 Gu dìchiollach, gnìomhach, gun tàmh,
682 Air chorraibh a sgiathan,
683 A'toirt na meala á cìoch' nan lus fann,
684 Gu gathach, dubhanach, iargalt',
685 Le a chrònna, a's cianaile srann;
686 'S a' chòinneach uaine mar dhìon,
687 Air a chìreachan criathar-thollach, cam.

688

689 XV.

690 Leam a b'éibhinn a' chòisir,
691 Bà-laoigh òg' air na lòintean gun fhiamh,
692 A'cur nan steudan le sòlas,
693 Mireadh 'us leumnaich, le gòraich gun chiall;
694 'Us iad gu garbh-chnàmhach, mògach,
695 Ciar-dhubh, caiteineach, ròmach 's a' bhian;
696 Gu suainte, imleagach, lòghmhor,
697 Dealbhach, cuma-bhallach, dòmhail m'an chliabh.

698

699 XVI.

700 Bithidh caoirich shomalta, lìontach,
701 Rùsgach, mhìn-ollach, dhìonach 's a' chlàimh,

702

703 [TD 25]

704

705 Anns na gleannan 'nam mìltean,
706 'G itheadh borrach 'us cìp anns gach fròig;
707 Agus pàirt dhiubh 's na beanntan
708 'S air na h-aonaichean àrda 'g an còir;
709 'S an uain gheala 'nan deann-ruidh,
710 'Cluich 'us 'mireadh, mar b'annsa le 'n seòrsa.

711

712

713 DIOMOLADH NA H-AIDE CRUAIDHE.

714

715 I.
716 'S bha buaireadh orm, 'n uair a cheannaich mi
717 'N ad chruaidh, 'bh 'air a deapànainn; (1)
718 Mo chruachdan air faileadh leatha,
719 'S gur fuaire na 'ghaillionn i.
720
721 Bu mhise an duine gòrach,
722 'N uair phàigh mi crùn cho deònach,
723 Air ad cho dubh ri ròcais
724 'S i 'sgròbadh an fhionnaidh dhìom.
725 'S bha buaireadh, &c.
726
727 II.
728 Dh' fhàg i feagan aognaidh,
729 Am bhathais 's an clàr m'aodainn;
730 'S ann bhitheas gach duine saoil sinn,
731 Gur aois, a fhuair ceannas orm.
732 'S bha, &c.
733
734
735 <eng>(1) Japanned.<gai>
736
737 [TD 26]
738
739 III.
740 'N uair chàirinn air mo cheann i,
741 Bu daigne na crann-teann i;
742 'S i cruaidh mar innean ceardaich,
743 'Us steàrn' aig cloich-mheallain rithe.
744 'S bha, &c.
745
746 IV.
747 Tha ' dreach air fiamh na h-oidhche,
748 'S i cruaidh mar adharc-gaibhre;
749 'S cùis-eagail i do thaibhsean,
750 'N uair bhoillsgeadh a' ghealach oirre.
751 'S bha, &c.
752
753 V.
754 'S i tuilleadh 'us fuar 's a' gheamhradh,
755 Agus tuilleadh 'us teth 's an t-sàmhradh;
756 'S 'n uair thigeadh braghadh an tàirneanaich,
757 Tharruingeadh i an dealanach,
758 'S bha, &c.
759
760 VI.
761 'S gur cruaidhe i na 'n t-iarrunn,
762 S gur teotha i na 'ghrìosach,
763 'S gun ròistinn uibhean ghiadh, (1)
764 Ann a cliabhan na 'n teannainn ris.
765 'S bha, &c.

766

767 VII.

768 'N uair thig a' ghaoth le sgiab' oirr',

769 Bithidh ise dol 's an iarmailt

770

771

772 (1) Gheàdh.

773

774 [TD 27]

775

776 Cho luath ri eunlan sgiathach,

777 Gu criochaibh na gealaiche.

778 'S bha, &c.

779

780 VIII.

781 'S gur cruaidhe i na 'n ailbhinn,

782 No umha air a dhearbhadh;

783 'S ged bhiodh i an àite targaid',

784 Cha deargadh na canain oirr'.

785 'S bha, &c.

786

787 IX.

788 'S 'n uair bhithinn falbh 's na coilltean,

789 'S na meangain bhi 'g a straightleadh,

790 Bidh a fuaim mar dhruma saighdeir,

791 Cur sgaoim air na feannagan.

792 'S bha, &c.

793

794 X.

795 'S gur buileach bha diom-buaidh orm,

796 A cheannaich an ad dhuaichnidh,

797 Cha-n 'eil bean òg no gruagach,

798 Nach fuathach leo sealladh dhìom.

799 'S bha, &c.

800

801 XI.

802 'S cha 'n aithnich na h-eoin-ruadh' mi,

803 Bha cleachdadh bhi mu 'n cuairt domh;

804 O 'n chàirich mi 'n ad chruaidh orm,

805 Dh' fhuadaich i baileach iad.

806 'S bha, &c.

807

808 [TD 28]

809

810 XII.

811 'S am fear, a thug an dùthaich i,

812 Nach d' rinn e soitheach ùill' dhi,

813 Mu 'n deach mi phàigh crùn oirr',

814 'S nach fiù i bhi labhairt uimp'.

815 'S bha buaireadh, &c.

816

817
818 ORAN MOLAI DH DO 'N PHIOB-THOMBACA.
819
820 O 's i mi mo mhiann a' phìob-thombac',
821 'S iomad ciad (1) 'tha ann am bheachd;
822 'S lìonmhor ìoc-shlaint, 'tha 'na taic,
823 O! 's gasd' a blas 's a' mhoch-eirigh.
824
825 I.
826 'N uair a lìonar thu o do bhonn,
827 De 'n luidh shnìomhanach, bhog, dhonn,
828 Thigeadh tòiteal as do chom,
829 A dhùisgeadh fonn 's a h-uile fear.
830 O 's i mo, &c.
831
832 II.
833 'S iomadh spliùcan de bhian ròin,
834 Bhios a' giùlan duit lòn,
835
836
837 (1) Ceud.
838
839 [TD 29]
840
841 Nach leig acras ad chòir,
842 Nì pailteas stòir a chumail riut.
843 O 's i mo, &c.
844
845 III.
846 'S maith thu anns a' gheamhradh fhuar,
847 Ri lath' gaillinn no gaoith' tuath;
848 'S b'fheàrr thu àm bhi seinneadh dhan,
849 Na stuth nan cuach á buidealan.
850 O 's i mo, &c.
851
852 IV.
853 'N àm bhi suidhe sìos aig bòrd,
854 Mar ri cuideachd 's an tigh-òsda,
855 B' fheàrr leam thu na fìon 'us beòir,
856 'Us stuth na Tòiseachd cuid ris.
857 O 's i mo, &c.
858
859 V.
860 Cha 'n 'eil eucail, 'thig 'n ar còir,
861 Cnatan, déididh, no greim-lòin,
862 Casdadh, éideach, no gnè leòin
863 Nach fògair thu gu buileach uainn.
864 O 's i mo, &c.
865
866 VI.
867 Le buachail chaorach agus uan

868 S taitneach thu ri maduinn fhuair,
869
870 [TD 30]
871
872 Mu 'n dìrich e an t-aonach suas,
873 Thoirt cuairt air chluain 's air thulaichean.
874 O 's i mo, &c.
875
876 VII.
877 Gach seòladair air àird a' chuain,
878 A stiùireas long air bhàrr nan stuadh,
879 'S miann leò thu nan taic 's gach uair,
880 Gu fògairt fuachd na tuinne uapa.
881 O 's i mo, &c.
882
883 VIII.
884 'S math thu 'n garbh-bheannan nan stùchd,
885 'N uair bhiodh am fuar-cheò umpa dùinte
886 'S am bun na saobhaidh ' maduinn dhrùchd,
887 Bu mhùirneach thu 's a' chuideachd ud.
888 O 's i mo, &c.
889
890 IX.
891 Bithidh tu anns gach uile uamh,
892 Aig luchd-saothrachadh a' ghuail,
893 Am fùirneis Charoin agus Chluaidh',
894 Am mèinnean-luaidh' 'us currachd ort.
895 O 's i mo, &c.
896
897 X.
898 Cha 'n 'eil gobhainn, no fear-tàil,
899 No muillear-mine, 'mheileas gràn,
900 Leis nach iarradh thu 'nam pàirt,
901 'S gur feàirde am fearas-chuideachd thu.
902 O 's i mo, &c.
903
904 [TD 31]
905
906 XI.
907 Cha 'n 'eil griasaich, no fear-snàthaid,
908 Cùbair chearcall, no fear-spàil,
909 Seiclearan no luchd-chlàd,
910 Nach iarradh bhi an cairdeas uile dhuit.
911 O 's i mo, &c.
912
913 XII.
914 'S lìonmhor gruagach àluinn, òg,
915 Leis am fuathach thu 'n an còir;
916 'S àrd a ghluaiseas iad an sròn,
917 'N uair thig do cheò mu 'n cuinneanan.
918 O 's i mo, &c.

919
920 XIII.
921 'Ach ceart cho luath 's a gheibh iad pòsda,
922 'S a bhitheas an déididh 'g an trom leòn',
923 Bithidh tu 'n sin aca ann an còs,
924 'S gu 'n toir iad pòg le furan duit.
925 O 's i mo, &c.
926
927 XIV.
928 'S lìonmhor cailleach, 'tha fo 'n ghréin,
929 Leis am miann thu bhi 'n am beul,
930 'S nì thu an teanga chur air ghleus,
931 Mar fhaobhar an reusair Lunnunnaich.
932 O 's i mo, &c.
933
934 XV.
935 Tha thu anns gach cearn 'us tìr,
936 Am bùthan cheàrd 's an cùirt an Rìgh,
937
938 [TD 32]
939
940 Mar sud 'us aig baintighearnan na tea
941 Gu m faigh sibh 'phìob gu cumanda.
942 O 's i mo, &c.
943
944
945 ORAN DO DH' FHEAR NA SEILG.
946
947 Fhir tha fuireach 's an tùr àrda,
948 'S lìonmhor annlann teachd gu d' thalla,
949 Cearcan-tomain, geàrran caola,
950 Eoin-fhraoich 'us cearcan-callaid,
951 Coilich-dhubha 's cearcan-liatha,
952 'S còineanan riabhach nan creagan,
953 Càpain òga 's uibhean shean-chearc,
954 Bradain tharr-gheal 's mucan ballach.
955
956 A ghaolaich, cha 'n ann
957 Gu fad', langach, glas-neulach,
958 Thigeadh do fhear na seilg
959 Bhi aig a' cheart àm,
960 'S a liuthad mìr math,
961 'S tha dol thar a rùchdan;
962 Ach co dearg ri corcan-coille,
963 Co grad ri feòragan Céitein,
964 Co meamnach ri madadh mùilleir,
965 'S co sunndach ri coileach air spardan,
966 'S co luath ri eilid nan stùchd-bheann,
967 'N uair bhitheadh gaothair dlùth d' a sàiltean.
968 Geòidh, 'us tunnagan, 'us turcaich,
969

970 [TD 33]
971
972 Mart-fheòil 'us muilt-fheòil gun fhàillinn,
973 Im 'us càise, agus sgadain,
974 Mar ri lachai' agus crà-gheòidh,
975 Mar sud 'us ian-ghurag (1) 'us feadag,
976 Mar ri beadragan nan àrd-bheann,
977 Coileach-coille 's tàrmach creachuinn,
978 'S guilbneach fad-ghobach an fhàsaich.
979
980 'N uair dh' fhàgadh fear-na-seilg
981 A thalla féin gu mìn moch-thrathach,
982 Air maduinn fhogharaidh,
983 Le 'adharc-fhùdair,
984 Agus le 'chrios-luaidh',
985 Le 'ghunna-dùbailt air a ghuallainn,
986 Agus le a ghaothair bhall-bhreac,
987 A dhol a shealg nan uchd-bheannan,
988 Bhiodh an asal luchdaichte,
989 Mu'n tigeadh an t-anmoch,
990 De gach gnè shìthne,
991 Bhiodh ann am monadh,
992 Eadar thàrmachan us bheadragan,
993 Fheadagan 's ghuilbhneach,
994 Choileacha-dubha, 's chearcán-liatha,
995 'S an sgrìachan, a ghoireas 's an arbhrar,
996 S cha tèarnadh a' chorra-riabhach,
997 Bhiodh do luaidh 'n a bian 's an anmoch.
998
999 'S an t-ian de 'n goirte an cnacair-arbhair,
1000 'S tric a mharbh thu air an àilean,
1001
1002
1003 (1) Eun-ghurag.
1004
1005 [TD 34]
1006
1007 Corrachan-riabhach agus ròcais,
1008 'Us smùdain òga nam fàs-choill,
1009 Easagan 'us earban caola,
1010 Daimh 'us maoislichean nan àrd-bheann,
1011 Minn 's gabhair agus laosbuic,
1012 Bhiodh 's na creagan faonrach fàsail.
1013
1014 'N uair rachadh gach sèorsa dhiubh so
1015 Chuir n'an uidheam air do bhòrd,
1016 An déis an ròsdadh,
1017 Le uibhean agus le ìm,
1018 'S ann dheth sin a bhiodh am fàile ciatach,
1019 A thàladh gach ianlan,
1020 Agus biasd snàgach;

1021 Bruic 'us taghain 's cait fhiadhaich,
1022 Fòcullain 's neasan criona;
1023 Fithich dhubha 's parachan-riabhach,
1024 Fionnagan liath-ghlas 'us cromain-lachduinn,
1025 'S am madadh ruadh, 'bhiodh air an aonach,
1026 Triéigidh 'shaobhaidh,
1027 'S thig gu t-aitreabh.
1028
1029 'N uair thig na dh' ainmich sinn ceart co'luath,
1030 Steach gu d' sheòmar 's mòr an àireamh;
1031 Dh' fheumadh e bhi 'na dheadh chòcair,
1032 Am fear 'ròisdeadh iad gu t-àilghios;
1033 Feunan fiodha 's guail 'us mòine,
1034 Chuireas daoine còire gu sàrach';
1035 S call do fhùirneisibh na h-Eòrpa
1036 An ròic, a bhitheas air do bhòrd an tràth sin.

1037
1038 [TD 35]

1039
1040 ORAN DO 'N T-SEALGAIR.

1041
1042 I.
1043 So an aimsir, a chuir leòn orm,
1044 'S a dh' fhàg mo threòir gun lùth's;
1045 Tha m' inntinn trom neo-shòlasach,
1046 Mar lùing air 'chuan gun seòl oirre,
1047 Ach gus am pill an t-òigear sin,
1048 A dh' fhògras air mi-shunnd,
1049 Théid dian 's an tòrachd, riamh cha sòradh
1050 Fuil a dhòrtadh an cùirn.

1051
1052 II.
1053 Cha-n ioghnadh dhomh bhi euslainteach,
1054 'S mòr dheuchainn orm mu 'n chùis;
1055 Na h-uain gheal-ghlan leumnach,
1056 Bhiodh mire air na réidhleanan,
1057 Aig sionnach ruadh nan éit-bheannan,
1058 'G an reubadh anns na cùirn;
1059 O! 's ann do 'n eucoir, thug thu spéis,
1060 'S cha tig thu dh' éisdeachd cùirt.

1061
1062 III.
1063 Cha 'n fhaighear còir no ceartas dhiot,
1064 Mar glacar thu 's an tòir;
1065 'S i 'mheirle, 'bh'aig do shinnsreadh,
1066 'Nuair dh' àraich iad os 'n ìosal thu;
1067 'S an cleachdadh lean thu dìchiollach,

1068
1069 [TD 36]

1070
1071 'S gach linn bha de d' sheórs',

1072 'S tu ri mì-mhodh feadh nan crìoch,
1073 A' sìr chur dìth air feòil.

1074

1075 IV.

1076 O! b' fheàrr gu'n d' thain' an sealgair oirne,
1077 Le 'ghaothair chalma, thréine;
1078 Le 'lodhainn bhall-bhreac, aisitheach,
1079 Théid 's an tòir gu h-astarach;
1080 Gun ghaoith no ceò ri dealt-mhaduinn,
1081 Cha chaisgear iad 's an réis;
1082 Chuireadh sionnach ruadh gu 'dhùlan,
1083 'S 'fhuil brùchdadh air feur.

1084

1085 V.

1086 O gluaisidh sinn gu gunaideach,
1087 Ga d' chuideachadh, sheòid;
1088 Gu'n dìrich sinn na mullaichean,
1089 Gu h-inntinneach le 'r gunnaichean,
1090 Le luaidh 'us fuadar Lunnuinneach,
1091 Gun uireasbhuidh 'n ar còir;
1092 Ur n-ailbhinn ùr an déigh a breacadh,
1093 'S cha diùlt an t-srad ri òrd.

1094

1095 VI.

1096 O! cuiridh an sealgair dìth oirbh,
1097 'S gach linn, a tha dhibh beò;
1098 'S e beus bu ghnàth le 'shinnsreadh,
1099 Mar fhuair mi sgeul gu fìrinneach,

1100

1101 [TD 37]

1102

1103 Bhi fàgail marbh nam mìltean dhibh,
1104 'S a chuir fo chis ur seòrsa,
1105 'S gu'n cluinn mi 'n tuath-cheathairn' tric a' luaidh
1106 Deadh chliù air buaidh nan seòd.

1107

1108 VII.

1109 'S e cleachd nach robh ainmigeach,
1110 Le t-aitim mheamnaich riamh,
1111 Bhi dìreadh ris na sealg-bheannan,
1112 Mu'n éireadh grian air garbh-shléibhtean
1113 Le'n cuilbheir' chaol', neo-dhearmadach,
1114 Am sealgadh air an fhiadh,
1115 'S bhiodh ur luaidh dhùbh-ghorm, le neart fùdair,
1116 Cur gu dlùth 'nam bian.

1117

1118 VIII.

1119 'N àm suidhe 's tigh-òsda dhuit,
1120 Mo dhòigh! bu mhòr do mhiadh;
1121 Cha'n iarradh tu na stòpanan,
1122 Cha b' fhiach leat air na bòrdaibh iad;

1123 Bhiodh botul mòr air sgeòcan leat,
1124 'G a chur an cornaibh fial',
1125 'S tu 'g a riarachadh air a' chòisridh,
1126 'S bhiodh an t-òr 'g a dhìol.

1127

1128 IX.

1129 O! is curaidh foirmeil, treubhach, thu,
1130 Neo-thais an streup nan dorn;
1131 Ge b'e nochdadh eucoir dhuit,

1132

1133 [TD 38]

1134

1135 Bu dlùth dhoibh duais an éiric sin;
1136 'S na'n leanadh iad an réite riut,
1137 Gu'n géilleadh tu d' an deòin.
1138 'S gur iomadh aon a bheir deadh sgeul
1139 Air fear nam beusan còrr.

1140

1141 X.

1142 Gur lìonmhor òigh mhìn-bhasach,
1143 'S deirge lùth na ròs,
1144 Bhiodh deònach luidh sìnte riut,
1145 'S a bheireadh pòg gun innseadh dhuit,
1146 'S nach gabhadh òr nan Innseachan
1147 An geall ort fìn, a sheòid,
1148 'G a bheil pailteas stòir 'us ni,
1149 Le'n gùintean sìoda 'us sròil.

1150

1151 XI.

1152 Gu'n d'rinn na Duibhnich eucoir,
1153 'S gur mòr am beud r'a luaidh,
1154 Ach is geàrr an ùin', a dh' fheuchas dhuinn,
1155 Gu'n ùmhlaich iad gu géilleadh dhuit;
1156 Tha'n tuath gu léir air éirigh leat
1157 'S gu'm feum thu teachd mu'n cuairt
1158 'S théid na Sasunnaich, le'n trapan,
1159 A chartadh thar a' chuan.

1160

1161 XII.

1162 Do bheatha gu d' thìr dhùthchasaich,
1163 A' rùin, 's gu'm b'e mo mhiann

1164

1165 [TD 39]

1166

1167 Bhi triall le d' ghunna-dùbailte,
1168 Crios-guailne 's adharc-fhùdair ort;
1169 Do thòlairean bhì bùbail leat,
1170 Feadh stùchd-bheannan nan sliabh;
1171 Na sionnaich ruadh 'g an cur gu bàs
1172 'S na h-uain a' fàs am miadh.

1173

1174 XIII.

1175 'S ro lìonmhor gibhtean prìseil ort,
1176 Nach cuir mi an ìre an tràth-s';
1177 Ged dh' fheuchainn-sa ri 'm mìneachadh,
1178 Cha ghabhadh trian dhiubh innseadh leam;
1179 Tha uaisle, 's suairceas, 's sìobhaltachd
1180 A'strìth co dhiubh a's àird',
1181 An com na gloine, a's lònneil fiamh,
1182 De'n fhìon-fhuil, nach robh tàir.

1183

1184

1185 ORAN AIR COR NA GAIDHEILTEACHD.

1186

1187 I.

1188 O! 's mise 'tha 'n tràth-sa gu dubhach, cràiteach,
1189 Tha m'aighe pràmhail 's cha tog mi fonn;
1190 'S e cor na Gàidhealtachd, 'tha 'g am chràdh-lot,
1191 'S a' mheud 's a tha dh' fhàsalachd ann ar fonn;
1192 Na Gàidheil ghlan', aoidheil, 'bha càirdeil, gaolach,
1193 Gu tric a' saothrach' feadh raon 'us thom,
1194 Tha 'n saothair 'g a sealbhach' aig Gaille ghlas, aognaidh,
1195 L e'n casan caola 's le 'n aodainn luim.

1196

1197 [TD 40]

1198

1199 II.

1200 S beag an t-ioghnadh ged tha sinn tuirseach,
1201 'S iad 'g ar sgùirsadh le buillean trom;
1202 Ar 'n uachdrain shaoghalt' bu chòir ar dìonadh,
1203 Tha iad 'g ar pianadh 's 'g ar cur fo 'm bonn;
1204 'S i cuing na daorsa, 'tha iad a' fòghlum,
1205 O 's beag tha dh' aoidhealachd ann 'nan com;
1206 Cha mhiann leo daoine, oir 's feàrr leò caoraich
1207 'Us gaothair chaola 'g an ruith air tom.

1208

1209 III.

1210 Na 'n tigeadh naimhdean a steach do dh' Alba,
1211 Chum nan Garbh-chrioch a thoirt fo chis,
1212 Co ghlacadh armachd, 's a sheasadh calma,
1213 Gu duineil, dearbhta, air taobh na rìo'achd,
1214 Ach sean mhairt Aireach, 's muilt mhaol' bhàna,
1215 A sheasadh dàna ri cùl an cinn,
1216 'Us buachaill Ghallda le 'n cuaille chàlltuinn,
1217 'G an toirt á fang 's 'g an cur anns an strì?

1218

1219 IV.

1220 Is iomad tàir tha na Gàidheil a' faotainn,
1221 'S e bhi 'g a smaointeach an t-aobhar-bròin,
1222 'S a liuthad teaghlach, 'bha càirdeil, gaolach,
1223 A' nochdadh aoidheachd do luchd an ròid,
1224 Tha 'n diugh 'g an saodach' air feadh an t-saoghail,

1225 Gun lòn, gun aodach, air ghainne stòir,
1226 S gur tric a riaraidh, 's a lìon iad maodal
1227 Nan leòmhan craosach, 'tha air an tòir.

1228

1229 [TD 41]

1230

1231 V.

1232 Sgeul tha dearbhta gur lìonmhor ana-cothrom,
1233 Nach gabh ainmeachadh dhomh ri m' bheò,
1234 Tha daoine faotainn air feadh nan Garbh-chrioch,
1235 O'n triathaibh talmhaidh, air iomadh seòl,
1236 'G an creachadh iomlan á 'n nì, 's á 'n airgiod,
1237 'Us tròcair falaicht' leò anns a' chòir;
1238 Le 'n cridhe cealgach cho cruaidh ri ailbhinn,
1239 A' cur á Alba nan daoine còir.

1240

1241 VI.

1242 Cha 'n e tha mhiann orm dhol a dhearbhadh,
1243 Gach uile chealgair, 'tha 's an àite;
1244 Tha 'n àireamh lìonmhor air feadh na h-Alba,
1245 Gu dol 'g an ainmeachadh ann am dhàn;
1246 O 'n tha iad inbheach tha 'n fhìrinn searbh leò,
1247 Cha 'n iarr mi 'n tearbadh air leth o chach;
1248 Ach nochdaibh 'chionta do 'n mhadadh dhalma,
1249 'S gu'n lùb e earball gu ruig a shàil.

1250

1251 VII.

1252 'S a' bliadhna thriall uainn cha bheag an tàmailt,
1253 A fhuair a' Ghàidhealtachd air iomadh seòl,
1254 Leis na h-uachdarain chruaidh, neo-bhàigheil,
1255 A chuir á 'm fardaich na daoine còir;
1256 Pàirt dhiubh fhuadachadh thar chuantan gàbhaidh,
1257 'S chaidh roinn dhiubh bhàthadh 's an fhairge mhòir;
1258 'S a' chuid bu lìonmhoir' a ràinig tràigh dhiubh,
1259 Gu 'n d' rinn iad bàsachadh dh'easbhuidh lòn.-

1260

1261 [TD 42]

1262

1263 VIII.

1264 Cha bheag an cianalas dhomh bhi smaoinichadh,
1265 'A liuthad caochladh 's tha 'n ar tìr;
1266 Na glinn 's am b' àbhaist eich 's daoine,
1267 Bhi gnìomhach saothaireachail anns gach tìr,
1268 An diugh cha 'n fhaicear ach coin 's caoraich,
1269 S ruadh chrodh mhaol-bhreaca air feadh na tìr',
1270 Aig daormuinn shaoghalta, agus gruaim 'n an aodainn,
1271 Nach nochdadh aoidheachd do dhuine sgìth.

1272

1273 IX.

1274 Co riamh bha dìleas air taobh na rìoghachd,
1275 'S a sheasamh fìrinneach anns gach càs,

1276 Ach luchd nam breacan 's nan lannan lìomhta,
1277 Le 'n cruadal inntinn nach fuilingeadh tàir;
1278 Am tarruing phìcean bu gharg 's an strìth iad,
1279 Bhiodh cuirp gun chinn leo 'n an sìneadh air blàr,
1280 'S a bha 'n reachd 's a' meamnadh gu tric 'g a dhearbhadh,
1281 'S na blàraibh marbhtach air muir 'us air tràigh.

1282

1283 X.

1284 Chaidh nis am fògradh á tìr an dùchais,
1285 Le reachd nan ùmaidh, nach léir a' chòir;
1286 'S tha iad air faontradh am measg an fhàsaich,
1287 Mar uain gun mhàthair, a' cur ri bròn;
1288 An diugh tha pàirt dhuibh mar chimich thràilleil,
1289 A' sguabadh sràidean nam bailtean mòr',

1290

1291 [TD 43]

1292

1293 De shliochd nan daoine, 'bha tric 'g ar saoradh,
1294 S le 'n lòn 's le 'm maoin, 'bha 'g ar cumail beò.

1295

1296 XI.

1297 Ach cliù do'n Trianaid gu'n d' fhuirich iarmad,
1298 De dhaoine rianail, 'tha cianail, tlàth;
1299 'S iad cliùiteach, ciallach, 's e 'n rùn 's an iarrtus
1300 Bhi togail fianuis air taobh nan Gà'èal;
1301 Bithidh iadsan miaghail, 's an gineil lìonmhor,
1302 Mar dhrùchd na h-iarmailt, a thig gu blàr,
1303 'N uair bhitheas na h-Iudais le 'n coguis phianail,
1304 'S i togail fianuis gu 'n d'rinn iad ceàrr.

1305

1306 XII.

1307 Ach tha mi 'g earbsa air bheagan aimsir,
1308 Gu'n tèid a' chealgaireachd so air cùl;
1309 'S nach faic sibh ' bhàirlinn cho tric 's a bha i,
1310 Mar chrois-tàraidh air feadh na dùthch';
1311 Gu'n seas a' Bhan-rìghinn air taobh nan Gà'èal,
1312 Mar rinn Esther chàrdeil air taobh nan Iudhach;
1313 'S gu'm bi gach Hàman, a bha 'g ar sàruch',
1314 Le cridh' cràiteach a' fulang dìomb.

1315

1316

1317 ORAN DO PHIUBAIR CHEANNLOCH-EARN.

1318

1319 Air fonn-Cabar Féidh.

1320

1321 I.

1322 Tha sgeul r'a leughadh, 's fhiach e éisdeachd,

1323

1324 [TD 44]

1325

1326 Cha'n 'eil breug no mealladh ann,

1327 Mu fhear nam feadan gleusda,
1328 A chluicheas réidh neo-mhearachdach;
1329 O shaoidh na féileachd, 'tha 'n Dun-eudainn,
1330 Fhuair thu 'n éididh cheanalta;
1331 An deise 's feàrr an Alba,
1332 'S airgid a' cur lainnir oirr'.

1333

1334 II.

1335 An earradh rìoghail, uallach, fhior-mhaith,
1336 De 'n mherino cheannaiche
1337 'S an sìoda 's feàrr 's na h-Innsean,
1338 'N a stioma mìne, geala, ann;
1339 'S an tartan meanbh-bhreac, ballach, dearg,
1340 Bha sealbh aig Mac-'Ic-Ailein air,
1341 Bhiodh air 's na frìdh-bheannaibh a' sealg,
1342 Am fuirbidh meamnach, farumach.

1343

1344 III.

1345 Fhuair thu boineid chorrach, ghorm,
1346 Le cliù, s le foirm, gu meal thu i;
1347 Agus suaicheantas na h-Alb'
1348 Le sealbh am fasdadh daingean rith';
1349 Am foghannan a 's géire calg,
1350 Gu cròcach, calma, meanganach;
1351 'S ge searbh a stoc, tha mil 'n a bhlàithibh,
1352 'S dìon, 'us blàth's fo 'fhailleanaibh.

1353

1354 [TD 45]

1355

1356 IV.

1357 Fhuair thu breacan-guailne,
1358 'S gur buaidheach an sealladh e,
1359 Air còta nam ball airgid,
1360 'S gur dealbhach mu d' phearsa e;
1361 Le putanan mar dhaoimean'
1362 Nì soillse mar dhealanach
1363 Tri dusain agus còrr ann,
1364 Gun bhòsd no sgeul mearachdach.

1365

1366 V.

1367 Air a' churaidh 's ro mhath cumadh,
1368 Bithidh gach duine dearca riut;
1369 'S iad ag aithris "'S ann á Lunnuinn,
1370 Fhuair e 'chulaidh bheartach ud;"
1371 Chosg i leth-cheud gini an òr,
1372 'S an còrr bu leth-cheud tasdan e;
1373 'S nuair a chàirear ort i, 'sheòid,
1374 Cha 'n 'eil 'san Eòrp' cho snasta riut.

1375

1376 VI.

1377 Fhuair thu féile chuachach bhreacain,

1378 Nan dlùth-phleata fasanta,
1379 Mu d' phearsa dheas a' crochadh ceart,
1380 Sìos gu bac na gaillinn ort;
1381 Do chalpa gasd' air fiamh na cailc',
1382 Gu dòmhail, taiceil, dìongmhalta;
1383 'S an troidh gun bheud, a dh' fhalbhas réidh,
1384 Nach frois am feur 's a' chamhanaich.

1385
1386 [TD 46]

1387
1388 VII.
1389 Daoimean gille gun bheud millidh,
1390 Cha 'n 'eil innidh maise air;
1391 Dà shùil mar dhearcagan an fhirich,
1392 'S iad air mhìre beachdachadh;
1393 Miar (1) 's binne, bian 's gile,
1394 Grian gach finne 'dhearcas ort;
1395 'S 'n uair nochdar thu air ùrlar
1396 Bu shiùbhlach fo 'n bhreacan thu.

1397
1398 VIII.
1399 Dansasair curaideach nam buillean,
1400 Mar an druma thartarach;
1401 Tha Gille-Calum dhuit cho ullamh,
1402 'S Tulaichean bu ghasda leat;
1403 Do chasan freagarrach do 'n cheòl,
1404 Luath no fòil mar thachras e;
1405 'S gur lìonmhor baintighearn àluinn, òg;
1406 Le 'm miann bhi pòsda, naisgte, riut.

1407
1408 IX.
1409 'N uair nochdar thu fo d' armaibh,
1410 Bu dealbhach an gaisgeach thu;
1411 Le biodaig nam ball airgid,
1412 'S an carn-gorm am fasdadh innte;
1413 Crios-guailne, 's adharc bhall-bhreac,
1414 Am sealg bhi an taice riut;
1415 'S claidheamh a' chinn-ìlich
1416 Chur dìth air luchd-casgaraidh.

1417
1418
1419 (1) Meur.

1420
1421 [TD 47]

1422
1423 X.
1424 Tha sporan-molach ort mar onair,
1425 Air ä chrochadh basdalach;
1426 Bian a' bhuic, a bhiodh ri solar,
1427 Anns na scoraibh stacanach;
1428 Sgìan 's an osan, 's fhiach i 'moladh,

1429 Cha 'n 'eil cron ri chantainn oirr';
1430 'S bràisde airgid air do bhrollach,
1431 Thilgeas solus astarach.

1432

1433 XI.

1434 'S ann o Alastair na féileachd,
1435 Tha an Dun-eudainn tuineachadh,
1436 Fhuair thu earradh ghlan nan seud,
1437 Air ceudan tha cur iongantais;
1438 Ged aomadh neòil air grian nan speur,
1439 Tha deàlradh ré o 'n chulaidh ud;
1440 'S ge ainmeil deiseachan na Féinn'
1441 'S i so, gun bhréig, 's urramaich'.

1442

1443 XII.

1444 Guidheam buaidh do 'n t-sàr dhuin' uasal,
1445 Saoghal buan 'us fallaineachd;
1446 Do chliù 'g a sheinn am beul an t-sluaigh,
1447 'S gach finne luaidh mu d' charantas;
1448 A nochd do shuairceas do 'n Taobh-tuath,
1449 Le d' ghibhtean luachmhor, barraichte;

1450

1451 [TD 48]

1452

1453 'S do shlàinte bhuan 'g a cur mu'n cuairt,
1454 Le stuth gun truail' á canachaibh.

1455

1456 XIII.

1457 A' choinneamh ghreadhnach, 'bha 'n Naomh-Faolain,
1458 'S mòr 'bha dh' aoidhean tlachdmhor ann;
1459 Bha Gràmach Shrùthain 'n a fhear-iùil,
1460 A choisinn cliù le 'thapalachd;
1461 Bha fiamh a' ghnùis mar ghrian nan stùchd,
1462 Am triall thar cùl nan stachd-bheannan;
1463 'S o lamhan fialaidh bu mhiann sùl
1464 Gach tiodhlac ùr, a naisgte leis.

1465

1466 XIV.

1467 Chaidh Dubh-nam-buadh a chur air ghleus,
1468 'S gu 'm b'éibheinn a bhi faisg oirr';
1469 'S na breitheamhnan air stòl leo féin,
1470 Toirt clàisneachd gheur d' a caismeachd;
1471 Thàinig Rosaich o 'n Taobh-tuath,
1472 'An dùil ri buaidh a thaisbeanadh;
1473 Ach bhuadhaich Pàdruig anns an strìth,
1474 S gu 'n d' thug e 'Phìob le 'thapadh dhiubh.

1475

1476 XV.

1477 'N uair ghlac thu i ad achlais chli,
1478 Bu mhiann le Rìgh bhi 'n taice riut,
1479 Bha eòin nan speur, nan geug, 's nan gleann,

1480 Aig ialadh teann mar astar dhuit;

1481

1482 [TD 49]

1483

1484 Ceòl mar shìth-bhruth o d' mheòir fhèinealt,

1485 Lùth'or, dhìonach, bhras-bhuilleach,

1486 Air sionnsar lìomhta, suainte, mìn-dhubh,

1487 'S cuairt de 'n ìbhridh shnaidhte air.

1488

1489 XVI.

1490 Ceòl tiamhaidh, cianail, gun bhi trom,

1491 O fheadan lom nan cnap-bhuillean;

1492 Muineal crom mar eal' air tonn,

1493 O 'n tig am fonn-cheòl blas-mhilis;

1494 Torman foirmeil mar cheòl orgain,

1495 O dhuis cheann-gheal', bhreac-bhallach,

1496 Gu bachlach, dualach, fàinneach, cuachach,

1497 'S fàbhar uaine am fasdadh riu.

1498

1499 XVII.

1500 Aig Naomh-Faolain, Mao'ail, 's Struithlath,

1501 Pìob-a'-ghill gu'n chosnadh leat;

1502 'Le d' mheòir lùthmhor cluicheadh chrunluath,

1503 Siubhail 's ùrlair shocrach;

1504 Fìor cheòl Mhic Cruimein, 'bha 'n Dun-bheagain,

1505 Teachd o d' fheadan tartarach;

1506 'S na 'm biodh tu air ceann armailt,

1507 Gu 'n dearbhta buaidh ghaisge leò.

1508

1509 XVIII.

1510 Chaidh binn-cheol tlàth a ghionmhuinn tràth,

1511 Ad phòraibh àigh, a bhrosnuich thu;

1512 'S ghlac thu ann ad làimh an stiùir,

1513 'Us lean thu an t-iùl, 'bha fortanach;

1514

1515 [TD 50]

1516

1517 Tha thu 'donair do Chloinn-Làbhruinn,

1518 Meur 's àird' de 'n stoc aca;

1519 Le d' cheòl gun bhàrr toirt còrr air càch,

1520 Rinn cliù 's gràdh a chosnadh dhuit.

1521

1522

1523 ORAN DO DAMH NA H-EARNAICH.

1524

1525 I.

1526 S gur e damh na h-eàrnaich, 'bh'aig Rob Caimbeul,

1527 A dhùisg an aimhreit' 's a' chearn so 'n t-saoghal;

1528 Mi 'g imeachd bheanntan, 's a' siubhal ghleanntan

1529 An dùil gach àm gu'n robh call air caoirich;

1530 Na bodaich ghallda gu tric ag ionndruinn,

1531 An dream a b' àbhaist bhi dhoibh a' saothrach';
1532 'S ann phill a' phàirtidh, a dheanadh stàdh dhoibhh,
1533 'S ann ghabh iad sgàth ann an uchd an aonaich.

1534

1535 II.

1536 Cha b' ioghnadh an tràth sin iad a ghabhail sgàth ann,
1537 Ri àm bhi clàistinn na ràchdail oillteil;
1538 Gach fitheach iargalt, 's seabhag liath-ghlas,
1539 'S ianlan riabhach, a' bh' anns na coilltean;
1540 Gach iolair fhiadhaich a' tighinn 'n an ciadan, (1)
1541 An dùil gu 'n riabadh (2) iad an cuid aodaich;
1542 'S iad toirt nan sgiath dhiubh, le 'n corrain ghiar',
1543 'S gu'n cluinn sibh sgial (3) orra, feadh an t-saoghail.

1544

1545

1546 (1) Ceudan.

1547 (2) Reubadh.

1548 (3) Sgeul.

1549

1550 [TD 51]

1551

1552 III.

1553 Ach, Mhic-an-Fhleisdeir, o 'n tha thu gaisgeil,
1554 Na dìbir ceartas o an bheart bu nòs duit;
1555 Faigh do thrapan, o 'n tha iad pailt dhuit,
1556 'S a ghaoil, bi tapaidh gu'n cur an òrdugh;
1557 Suidhich ceart iad, gach taobh de 'n charcais,
1558 Le taod 'us bacan, feadh stachd 'us mòintich;
1559 'S ma nì thu an glacadh, bithidh beannachd pailt dhuit,
1560 O luchd-an-astair, a bhios stapadh an ròid so.

1561

1562 IV.

1563 An cian 's bu bheò e, b'e an sealladh brònach,
1564 Ri taobh an ròid, 'us gach neach a' faighneachd,
1565 Cò leis an damhan, cha 'n 'eil e fallain,
1566 Tha mòran galair a steach 'n a aorabh;
1567 Chaidh 'chlaoidh a's t-earrach le fuachd 's le h-ainnis:
1568 Cha d' fhuair e am bainne 'n uair bu laogh e;
1569 'S 'n àm 'm bu chòir dhoibh a bhi 'g a bhiadhadh,
1570 'S ann chaidh a phianadh 's gu'n d' luidh a' chaoil' air.

1571

1572 V.

1573 'S ann chaidh a phianadh, 's g'un d' luidh a' chaoile
1574 Air a' charcais aognaidh, gun ghaoisd, gun ròinneach,
1575 Gun gheire m'a àirnean, gun smior 'n a chnàmhan,
1576 A dheud air beàrnadh, 's a chnàimh gun fheòil air;

1577

1578 [TD 52]

1579

1580 Gun fhuil 'na fhéithean ach blianach dhéisinneach,
1581 Mar fhiodhuill theudaich, gun ghleus, gun cheòl innte;

1582 'Us fàile breun dheth, 's a' ghaoth 'g a shéideadh,
1583 Toirt sgaoth de bhéisdean air sgéith nam mòr-bheann.

1584

1585 VI.

1586 Ach guidheam buaidh leis an fhear, a mharbh iad,
1587 Bidh naigheachd dearbhta air am fad 's is beò e;
1588 Mu'n phlàigh mhì-shealbhar, de dh' ianlain gharbha,
1589 Thain' dh' Albainn a chum ar leònadh;
1590 Chuir thu ciadan dhiubh ann an iarunna,
1591 Iad a' sianail 'us phian thu beò iad;
1592 'Us pàirt dhiubh fhuadachadh thar nan cuantan,
1593 'S bithidh luchd-na-buan a' seinn le sòlas;

1594

1595 VII.

1596 Bithidh luchd-na-buan a nis sòlasach,
1597 'S bodaich mhòra ann an Cars Shruithlath,
1598 Nì iad tuanachas, mar bu nòs dhoibh;
1599 'S bithidh coirce 's eòrn' ann an cruachan cruinn leò;
1600 Théid teine-éibhneis a mach 'n a leusaibh,
1601 Toirt naigheachd éibhinn, air feadh na tìre;
1602 'S bithidh aois 's òige toirt cliù an còmhnuidh,
1603 Do 'n fhear a dh' fhògair iad as an rìoghachd.

1604

1605 [TD 53]

1606

1607 ORAN DO'N GHUNNA.

1608

1609 I.

1610 'S ann air a' chòigeamh latha deug
1611 De 'n mhios so, chaidh gach Fiann an òrdugh
1612 Le 'n cuid ghunnaichean, 's le 'm fùdar,
1613 'S le 'n luaidh dhùbh-ghorm, mar bu nòs dhoibh,
1614 An geall air corcan biorach stàilinn,
1615 Bhràigh na Fardail bhi 'n am pòcaid;
1616 Ach bha fear no dhà gle chràiteach,
1617 Am bhi pàigheadh an cuid stòrais.

1618

1619 II.

1620 Thug mi leam Nic-Eòghainn ainmeil,
1621 A bha dearbta riamh air astar,
1622 An dèis a barail a dheadh sgùradh,
1623 'S a chuir mi ùillidh ris an achduinn;
1624 Chuir mi 'n ailbhinn thana, bhearnach,
1625 Daingean, teann, an ceann a' mhada';
1626 'S air mo làimh cha d' rinn i diultadh,
1627 Bha i ùmhal 'n uair a shnap i.

1628

1629 III.

1630 Chaidh mi air mo ghlùn gu foirmeil,
1631 'S chuir mi beul na cuims' air sorchan;
1632 Chaog mi an t-sùil, mar thuilleadh dearbhaidh,

1633 Gu bhi earbsach àm a seòlaidh
1634 S gann gu'n ghabh am fùdar teine,
1635
1636 [TD 54]
1637
1638 'N uair bha 'm peilear troimh na còmhla;
1639 'S ged bhiodh am fiadh ri cùl sin,
1640 'S e mo dhùil gu'm biodh e leònta.
1641
1642 IV.
1643 O! 's iomad damh 'us agh, 'us maoisleach,
1644 'Us ròn maol, a rinn thu mhilleadh,
1645 Dh' fhàg thu air an taobh gun éirigh,
1646 'Us an creuchdan bras a' sileadh;
1647 'S iomadh coileach dubh, 'us liath-chearc,
1648 Chuir thu bhàrr nan sgiath am mionaid;
1649 'S tric bha geàrr nan casa caol' leat,
1650 Air a taobh an clais an imir.
1651
1652 V.
1653 A' cheud fhear thug 'n tùs thar sàil thu,
1654 'S ann aig fhéin bha 'n t-sàr ulaidh;
1655 An léig rìomhach, phrìseil, àghmhor,
1656 As nach gabhainn sgàth no cunnart,
1657 Dhol thoirt deannal air mo nàmhaid,
1658 Ann am blàraibh nan àr fuileach;
1659 Cha d' rinneadh 's an Spàinn no 'm Flannras,
1660 Aon cho làidir riut mu 'n mhuineal.
1661
1662 VI.
1663 Giùlanar an luaidh ghlas leat,
1664 Mìle 's cairteal gu bhi cinnteach;
1665 'S bithidh do chuimse mar leud ròinnein,
1666 Ma bhitheas fear do sheòlaidh dìleas,
1667
1668 [TD 55]
1669
1670 Fùdar deannalach fo do pheileir,
1671 Ailbhinn theine 'bheir air striochdadh;
1672 'S bithidh mac-talla dhuit a' freagairt;
1673 Talamh 's creagan ort mar fhianuis.
1674
1675 VII.
1676 Bhiodh talamh 's creagan ort mar fhianuis
1677 'N uair a gheibheadh an lìonadh ud bàirlinn,
1678 Casdadh glan o ghrùnnd do chléibhe,
1679 Riamh 's nach d' rinn an éideach tàrmach',
1680 Leis an reubta mac na h-éilde,
1681 Air fiaradh sléibh' nan réisg na dàmhair;
1682 'S cha 'n 'eil lighich an Dun-eudainn,
1683 'Bheireadh tèaruinte o 'n bhàs e.

1684
1685 VIII.
1686 Bha thu buadhar anns na blàraibh
1687 'S tric a dh' fhàgadh le do theine
1688 Naimhdean gunaideach an aobhair
1689 Striochdta air an raon fo dheireas
1690 Cnàmhan briste 's claignean sgaoilte
1691 Smuais 'us gaoir feadh fraoich 'us phreasan
1692 'S fuil o'n creuchdan bras a' taosgadh
1693 Mar chaochain á aodainn beinne.

1694
1695 IX.
1696 'S fad 's is farsuing a chaidh cliù ort
1697 'S iomad dùthaich 's an robh t-eòlas
1698 'S minic bha fuaimrich t-fhùdair

1699
1700 [TD 56]

1701
1702 Nualan ris na stùchdan ceò-mhor
1703 'S 'n uair a lìonar thu le cùram
1704 'S fear do stiùraidh bhi gle dheònach
1705 Bhiodh do threubhantas r'a chunntadh
1706 'S fuil air ùdlaiche na cròice.

1707
1708
1709 RANN DO CHAILLEACH NA BEURLA.

1710
1711 I.
1712 O sibhse 'bha 's a' Chlachan,
1713 'N do mhothaich sibh ' chailleach,
1714 A bha 'n cathair na Dalach,
1715 Ann an earradh ro àilt;
1716 Gnùis-bhrat mìn-gheal, mar chanach,
1717 Air cumadh lìn an sgadain,
1718 Mu mhulach a h-aide
1719 'S a' falach h-àillteachd;
1720 Bha usgraichean daor',
1721 Air a gairdeanan caoine,
1722 Bu choltach a h-aogas,
1723 Ri faoilinn na tràighe,
1724 Gùn lith-ghorm, sìoda,
1725 M'a slinneanan mìne,
1726 A' cealach' a cìchean,
1727 'S cumail dìon air a bràghad.

1728
1729 [TD 57]

1730
1731 II.
1732 Ach goirid 'n a dhéigh sin
1733 Bha 'chailleach fo euslan,
1734 'N uair a sguir an t-aodhar de'n Bheurla,

1735 Cha 'n éisdeadh i 'Ghàilig;
 1736 'S ann dh' fhalbh i 'n a leuman,
 1737 Co luath ri each-réise,
 1738 Leis an staidhir 'n a steudaibh,
 1739 'S gu'm b eutrom a sàiltean
 1740 S ghabh i am bruthach an déigh sin;
 1741 'S gu'm bu lùthmhor a ceuman
 1742 'S ann a thùr mi 'n a dhéigh sin,
 1743 Gu'm bu te de luchd-sràid' i,
 1744 Bha 'm Peirt no 'n Dùn-eudainn,
 1745 A' cleachdadh na Beurla
 1746 'S nach b' urradh dhi éisdeachd
 1747 Ri bhi leughadh na Gàilig.
 1748
 1749

1750 ORAN BLAR THULLACHAIN NAN CAILLEACHAN.

1751
 1752 'S ann 's a' Chlagann a bha chonnsoid,
 1753 Air Dì-luain an t-Sainnseil
 1754 Eadar na mnathan 'us Cailein;
 1755 Bha 'm poc spàg aca 'g a tharruing,
 1756 'S mar bhùire tàirneanaich bha 'n casan,
 1757 Ri farum air a' chàbhsair;
 1758

1759 [TD 58]

1760
 1761 Marbh'aisg air Iain Ruadh Iasgair,
 1762 Giomanach nan cailleachan,
 1763 'S es' a dhùisg a' mhìre-chatha,
 1764 'G iarraidh fuaraig air na mnathan;
 1765 'S meallta mi mu'n d' ràin' e an srath,
 1766 Mur robh an aighear searbh dha.
 1767

1768 II.

1769 S na 'm faiceadh sibh na lasgairean,
 1770 'N uair tharruing iad an armachd;
 1771 Bha Cailean mòr Mac-Artair ann,
 1772 'S bu bhasbair nach robh meanbh e;
 1773 N uair chaidh iad an òrdugh catha,
 1774 'S tharruing gach connspull a' bhall-ratha,
 1775 Cha 'n iarrainn caraid dhol 'n an gara',
 1776 'N uair a las an fhearg orr'.
 1777 B'e sud am baiteal guinideach,
 1778 Blàr Thulachain nan cailleachan;
 1779 Gu'n cluinteadh fuaim nam builleanan,
 1780 Air mullach Maol a' Ghairbh-leathad;
 1781 Bha mac-talla freagarrach dhoibh,
 1782 Feadail air na balachaibh;
 1783 'S mar bhiodh cruadhas an claignean,
 1784 Bha pàirt 'n an cadal marbh dhiubh.
 1785

1786
1787 AN LORG DHUBH.
1788
1789 'S tha buaidh air an luirg dhuibh,
1790 Cha 'n eagal leam nach freagair i;
1791
1792 [TD 59]
1793
1794 'S tha buaidh air an luirg dhuibh,
1795 Tha 'n lorg dhubh ro fheumail.
1796
1797 'S b'e sud an lorg bha seannsail
1798 'N uair thàin' i ris a' Gleann so,
1799 'Bheir bainne do gach gàmhnaich,
1800 Bha 'n teanntachd na h-éigin.
1801 'S tha buaidh, &c.
1802
1803 An lorg 's lìonmhor buaidhean,
1804 A fhuair mi o 'n ghruagaich;
1805 Gu'n càir' mi i fo m' chluasaig,
1806 'S bithidh agam buaidh na h-éirig.
1807 'S tha buaidh, &c.
1808
1809 'S na'n tàrladh dhomh 's na blàraibh,
1810 Bhi cogadh ri mo nàmhaid,
1811 Ma bhios mo lorg 's an àraich,
1812 Air nàile cha tig beud rium.
1813 'S tha buaidh, &c.
1814
1815 'S i sud an lorg bha sealbhar,
1816 Nach còir a leig air dearmad,
1817 Bha roimh so aig seanmha'ir
1818 Ceit Chamshron 's an Réibhein.
1819 'S tha, &c.
1820
1821 [TD 60]
1822
1823 ORAN DO DHEALBH 'BHA AIR A DROCH THARRUING.
1824
1825 A ho ro gu'n togainn fonn,
1826 Air an dealbh a 's gairbhe com;
1827 S ged nach 'eil do chasan crom,
1828 Gur fada lom 's na troidhean thu.
1829
1830 Tha boineid bhallach 's mullach gorm,
1831 Air a' cheann 's dòmhail' calg;
1832 'S ged chuir iad ort an còta dearg,
1833 Cha 'n fhaic mi airm no lamhan ort.
1834 A ho ro, &c. &c.
1835
1836 Cha 'n 'eil cluasan air do cheann,

1837 'S cha 'n 'eil anail ann ad chom;
1838 'S tha do shròn gu fada crom,
1839 'S do pheirceall lom gun fhionnadh air.
1840 A ho ro, &c.
1841
1842 Cha 'n 'eil fiacail ann ad dheud,
1843 Cha 'n 'eil teanga ann ad bheul;
1844 'S ged tha sùil ad cheann, cha léir
1845 Dhuit solus ré, no latha leatha.
1846 A ho ro, &c.
1847
1848 Ged tha deirge ann ad ghruaidh,
1849 Tha t-amhach lom gun dìon o 'n fhuachd;
1850
1851 [TD 61]
1852
1853 'S càrt de d' shléisdean tana cruaidh,
1854 Gun suanach cumail falaich orr'.
1855 A ho ro, &c.
1856
1857 Tha féile bhreac nam meanbh-bhall daor,
1858 Fo chòta dearg an earbail chaoil;
1859 'S am breacan crochadh sios r'a thaobh,
1860 Mar shruth 's e taosgadh thairis air.
1861 A ho ro, &c.
1862
1863 Tha osain bhreac' nam basa dlùth,
1864 Teann mu do chalpannan gun lùth's;
1865 Ruigheachd falbhanan do ghlùn,
1866 'S na gartain dhlùth 'g an teannachadh.
1867 A ho ro, &c.
1868
1869 Cha 'n iarr thu pìob d' am biodh ceò,
1870 No idir snaoisean dhol ad shròin
1871 Cha ghlac thu spàin a ghabhail lòn
1872 'S cha dean thu ceòl no aighir leinn.
1873 A ho ro, &c.
1874
1875
1876 RANN DO GHABHAIR DHONNCHA AONGHAIS.
1877
1878 'S a' margadh bha 'n Lurg nan Gabhar,
1879 Air gabhair Dhonncha Aonghais;
1880 'S a' margadh bha 'n Lurg nan Gabhar,
1881 Air gabhair Dhonncha Aonghais;
1882 'S a' margadh bha 'n Lurg nan Gabhar,
1883 Air gabhair Dhonncha Aonghais.
1884
1885 [TD 62]
1886
1887 I.

1888 Bha croit a' ghreusaich air a todhar,
 1889 Le gabhair Dhonncha Aonghais;
 1890 'S bha gach fear a cheannaich iad ro thoilichte mar mharbh iad;
 1891 S bha gach fear a cheannaich iad ro thoilichte mar mharbh iad;
 1892 'S bha gach fear a cheannaich iad ro thoilichte mar mharbh iad;
 1893 Bha pailteas geir' gu solus annta,
 1894 'S am broilein leis a' bhargan.-
 1895 'S a' margadh, &c. &c.
 1896
 1897 II.
 1898 'S a' mheud 's a dh' fhan gun reic dhiubh,
 1899 Gu 'n do ghreas e a chun a' mhargaidh;
 1900 'S a' mheud 's a dh' fhan gun reic dhiubh,
 1901 Gu 'n do ghreas e a chun a' mhargaidh;
 1902 'S a' mheud 's a dh' fhan gun reic dhiubh,
 1903 Gu 'n do ghreas e a chun a' mhargaidh;
 1904 'S gu 'n cheannaich muinntir Ninebheh gach minid agus mealg dhiubh.
 1905 'S a' margadh, &c.

1906
1907 III.

1908 'S gu'n cheannaich muinntir Ninebheh gach minid agus mealg dhiubh,
 1909 Na h-adhaircean 'us na croicnean,

1910
1911 [TD 63]

1912
 1913 Gach ceann 'us cas 'us earball;
 1914 'S na h-aotromain gu 'n dheasaich iad,
 1915 A ghleidheadh seach an airgid;
 1916 'S na cnaimhean air son phinneachan,
 1917 Bhiodh figheadh aig an t-searbhant'.
 1918 'S a' margadh, &c.

1919
1920 IV.

1921 'S na cnaimhean air son phinneachan,
 1922 Bhiodh figheadh aig an t-searbhant',
 1923 'S a' chuid eile air son fheadagan,
 1924 Bhiodh feadail aig na balachain;
 1925 'S na luirgean air son chleiteachan,
 1926 A chur tombaca 's an eanachainn;
 1927 'S na h-adhaircean air son bhiodagan,
 1928 Air criosan nam ball airgid.
 1929 'S a' margadh bha 'n Lurg nan Gabhar,
 1930 &c. &c. &c.

1931
 1932
 1933 ORAN DO'N EIDIDH GHAIIDHEILICH AGUS DO DH'FHEAR A RINN A DHULAN GU A CUR
 ... AIR CHUL 'S AN ARM.

1934
1935 I.

1936 'S olc an seòl do luchd na Beurla,
 1937 Bhi toirt beum do dh' fhir nam breacan;

1938 'S daoine euchdach iad fo 'n éididh,
1939 Tapaiddh, treubhach ri uchd gaisge;
1940
1941 [TD 64]
1942
1943 Bha iad buadhar anns na blàraibh,
1944 'S ri àm gàbhaidh cha bu tais iad;
1945 'S minic bha 'n lannan stàilinn,
1946 Dol troimh àirnean luchd nan casag.
1947
1948 II.
1949 Fhir 'tha fuireach ann an Sruithlath,
1950 'S beag thionnsgainn thu de 'n cheartas,
1951 Mhaoidh thu air na Gàidheil a léireadh,
1952 'S dh' fheuch thu 'n éididh chur á cleachdadh;
1953 'N uair streap thu tuille 's àrd,
1954 Dh' aom am fàradh 's dh' fhàg do thaic thu,
1955 'S thuit thu ann an lag a' chlàbair,
1956 Gu bhi màgaran mar chleachd thu.
1957
1958 III.
1959 Thug thu srian do d' theangaidh bheumnaich,
1960 Rinn thu 'geurach' mar ealtuinn;
1961 Bhris thu cachlaidh 's an deudaich,
1962 Bha cur éis oirre o chainnt ascaoin;
1963 Theagaisg thu i réir do nàduir,
1964 Labhairt gràinealachd a' pheacaidh;
1965 'S tha i nis agad gu t-áilghios,
1966 Feuchainn ris na Gàì'eil mhaslach'.
1967
1968 IV.
1969 'S tric bha madadh salach, ròmach,
1970 'S fàile doit' dheth chòir na tealaich,
1971 Comhartaich an lag an òtraich,
1972 Oidhche reòta ris a' ghealaich,
1973
1974 [TD 65]
1975
1976 Riamh cha d' atharraich i a cùrsa
1977 Dh' aindeoin dùrdanaich a langain,
1978 Mar sin cha d' thoir na Gàì'eil ùmhlachd,
1979 Do 'n luchd-diombaidh agus falachd.
1980
1981 V.
1982 Ged fhuair thu bhi 'n ad mhàighstir-gàsaid,
1983 'S olc a ghnàthaich thu do dhleas'nas;
1984 S cosmhuil thu ri barbair beumnach
1985 An droch reusair, nach robh cneasda;
1986 No ri spìocair neo-fhiachail
1987 'S inchair iaruin ann 'n a dheas-làimh,
1988 Cur nan cailleachean anns an t-sianail

1989 Tarruing fhiacallan á 'm peircill.
1990
1991 VI.
1992 'S gnothuch faoin dhuit a bhi smaoineach,
1993 Le d' cheann aotromain gun eanchainn,
1994 'N fhéil' chaomh thoirt bhàrr nan daoine,
1995 'S briogais chaola chur mu 'n calpan;
1996 Chaidh cha ghéill iad duit 's a' chùis ud,
1997 Ged dhùirigeadh tu marbh iad;
1998 'S e bhi sgaradh craoibh o ' rùsga,
1999 Bhi toirt dhiubh na h-earradh mheanbh-bhric.
2000
2001 VII.
2002 'S tric gur iad na h-eunlain dhuaichnidh,
2003 'S àirde fuaim am measg na h-ealtainn;
2004 A' ghuilbneach 's an t-adharcán-luachrach,
2005 'S tric an teangadh luath neo-ghalaiste;
2006
2007 [TD 66]
2008
2009 'N amhach chaol gu tric an sìneadh,
2010 Slaodadh bhàthain às na bachdaibh;
2011 'S chuireadh sealladh ghnùis an fhìr-eòin
2012 Fichead mìle dhiubh gu gealtachd.
2013
2014 VIII.
2015 Thug thu oidheirp nach robh tùrail,
2016 'S beag a nochd thu dh' iùl ad sheanachas;
2017 Dh' fheuch thu ris na Gàidheil a rusg',
2018 O éididh dhùthchasach na h-Alba;
2019 Ged a rinn da theangadh lùbadh,
2020 Choisinn barrachd diomb 'us fearg dhuit,
2021 Chaidh cha 'n fhaic thu, le do shùilean,
2022 Miann do rùin air luchd nan Garbh-chrioch.
2023
2024 IX.
2025 'S an fhéil' bhuaidheach, chuachach, phleatach,
2026 'S lìonmhor tlachd a tha 'g a leanmhuinn,
2027 'S urramach an dream d' am buin i;
2028 Laoich chumadail, ro dhealbhach;
2029 'S eadar-dhealaichte iad 'n an aogas,
2030 O na daormuinn aognuidh, sheargta,
2031 Air am bitheadh na briogais chaola,
2032 Sios ma 'n aobrainnean gu cearbach.
2033
2034 X.
2035 'S meirg a chuireudh sios an fhèile,
2036 'S gur i éididh nan treun Ghàil'eal i;
2037 Earradh urramach na Féinne,
2038 Fir 'bha treubhach anns na blàraibh;
2039

2040 [TD 67]

2041

2042 'S buan air chuimhne bhios an euchdan,
2043 Daingean mar na sléibhtean àrda;
2044 Is dh' aindeon mì-run luchd na Beurla,
2045 Mairidh spéis do dh' fhir na Gàidhlig.

2046

2047 XI.

2048 Tha 'n fhéile eireachdail ri fhaicinn
2049 Air sàr ghaisgich fo 'n làn armachd;
2050 'N uair a chàirear suas gu ceart i
2051 Fo chaomh bhreacan nam ball meanbh-bhreac;
2052 Bu mhiann sùl le Bàn-rìgh Bhreatiunn,
2053 A bhi dearcadh ri fir a' meamnadh;
2054 'S chaidh cha d' théid an cliù á cleachdadh,
2055 Chionn gu 'n robh am beartan ainmeil.

2056

2057 XII.

2058 Tha 'n fhéile miadhail anns gach cuideachd,
2059 Tha i urramach 's gach cò'dhail,
2060 Tha i measail aig daoine-uaisle,
2061 'S gu bheil clann na tuath an tòir oirr';
2062 'S iomad baintighearn ghlan, spéiseil,
2063 Thagh dhoibh féin mar chéilidh-phòsda,
2064 Fleasgaich fhèinealta, fo fhéile,
2065 Ged nach cunnta an spréidh no 'n stóras.

2066

2067 XIII.

2068 Tha 'n fhéile maith gu siubhal garbhlaich,
2069 Am bhi sealgaireachd air mòintich;
2070 Ann am frìdh nan cròc-dhamh dearga,
2071 Bu neo-chearbach air an tòir i;

2072

2073 [TD 68]

2074

2075 'S fallain, fearail, na fir dhealbhach,
2076 'Shealbhaich i, o thùs an òige;
2077 Cruaidh fo 'n armaibh, àm nan garbh-chath,
2078 Guineach, garg, mar theanchair leòmhainn.

2079

2080 XIV.

2081 'S iad na Gàì'eil a's àirde urram,
2082 Anns gach cumasg, agus còmhrag;
2083 'N àm nan cruaidh lann thoirt á duillean,
2084 Chìteadh fuil air luchd an tòrachd;
2085 Bhiodh an nàimhdean 'nan cùis-mhulaid,
2086 Fo throm bhuillean nam fear mòra,
2087 Tuiteam air an raon mar dhuillich,
2088 Air a h-iomain le gaoith reòta.

2089

2090 XV.

2091 'Us tha 'm pearsa freagarrach do 'n éididh,
2092 Cnàmhach, féitheach, treunmhor, làidir,
2093 Cruadalach ri àm na deuchainn;
2094 Sluagh gun chéill' a bheireadh tàir dhoibh,
2095 'S fada 'n céin chaidh cliù nan treun fhear,
2096 Fir na féile tha mi 'g ràdhainn,
2097 Dh' fhàgadh creubhagan gun éiridh
2098 Loite, reubta, anns an àraich.

2099

2100 XVI.

2101 'S iomadh buaidh, nach gabh dhomh innseadh,
2102 Tha trì fillte air na Gàì'eil;

2103

2104 [TD 69]

2105

2106 'S oidheirp dhiomhain dhomh bhi strì,
2107 Ri aon á mìle chur am dhàn dhiubh;
2108 'S lìonmhor na 'm falt a' cinntinn,
2109 Air na cinn nach feudta àireamh,
2110 Loinn, 'us mùirn, 'us cliù, gun mhì-mhodh,
2111 Air na suinn a 's mìllse càinain.

2112

2113

2114 ORAN GAOIL.

2115

2116 Bheirinn pòg le deòin do m' leannan
2117 Ainnir mhòdhar nan sùl meallach
2118 Cailin ghasda, 's gloine giùlan,
2119 Leat shiùbhlainn Gleann a' bharrach.

2120

2121 I.

2122 Cha 'n iognadh ged tha m' aigne cianail,
2123 'S mi as t-fhianuis o cheann tamuill;
2124 Ach 's geàrr an ùin' 's am faic mi an rìbhinn,
2125 'Thogas m' inntinn o gach smalan.

2126 Bheirinn, &c.

2127

2128 II.

2129 'S minic a bha mi 's tu mànrán,
2130 'S bhiodh mo làmh fo do chulan cannach,
2131 'S eòin nan geug cur séisd' fo 'n duanaig,
2132 'S iad mu 'n cuairt duinn air na crannaibh.
2133 Bheirinn, &c.

2134

2135 [TD 70]

2136

2137 III.

2138 'S maith do làmh air fàim an t-sìoda,
2139 'S cha mhiosa sgrìobhas tu le peana;
2140 'S tric do litrichean am phòcaid,
2141 'S b'e mo shòlas bhi 'g am faighinn.

2142 Bheirinn, &c.

2143

2144 IV.

2145 Dà mhala chaoil mar it' an lòn-duibh,

2146 Os cionn rosg a's mòdhair' sealladh;

2147 Do dhà ghruaidh cho dearg 's na ròsan,

2148 'S do dheud chòmhnard, chlòsaidh, dhaingean.

2149 Bheirinn, &c.

2150

2151 V.

2152 Cìochan corrach air uchd lìontach,

2153 'S gile fiamh na sliabh fo ghaillionn,

2154 Maoth-mhìn, tlàth, mar chàraid chuachan,

2155 'Thig o làimh an tuairneir ainneimh.

2156 Bheirinn, &c.

2157

2158 VI.

2159 Do sheang chorp uallach, suainte, ceutach,

2160 Cheart cho geal ri bréid de 'n anart;

2161 No mar chobhar taobh na tràigh',

2162 No mar éideig bhàin nam beannan,

2163 Bheirinn, &c.

2164

2165 [TD 71]

2166

2167 VII.

2168 Do chalp' cumta 's cosmhuil dealbh,

2169 Ri bradan tarr-gheal 'thig o 'n aigeal,

2170 'S troidh gun bheud, a dh' fhalbhas réidh,

2171 Nach frois 's a' Chéitein feur na faiche.

2172 Bheirinn, &c.

2173

2174 VIII.

2175 'N uair chàirear ort mar chòmhdach,

2176 Earradh-shròil 's an t-òr 'g a ceangal;

2177 Cha robh Bheunus riamh cho glòrmhor

2178 Trian do d' bhòichead cha do mheal i.

2179 Bheirinn, &c.

2180

2181 IX.

2182 Ri àm do dh' fhiodhall bhi 'g a gleusadh

2183 An seòmar réidh nan déile geala,

2184 Bu mhiann sùl le Rìgh no Diùchd thu,

2185 Le d' chuir lùthmhor, shiùbhlach, mheara.

2186 Bheirinn, &c.

2187

2188 X.

2189 'S mar faigh mi còir le deòin o 'n chléir,

2190 Air òigh cheutach nam bas geala,

2191 Bithidh na deòir a' ruidh o m' léirsinn,

2192 'S cha 'n 'eil léigh 'nì feum do m' ghalar.

2193 Bheirinn, &c.

2194

2195 [TD 72]

2196

2197 XI.

2198 Labhair ise am briathran suairc-

2199 "A fhleasgaich na biodh gruaim air t-aire,

2200 Ged bhiodh mo chàirdean fuar rium,

2201 Sheòlainn leat thar chuan na mara."

2202 Bheirinn, &c.

2203

2204

2205 A' CHRIOCH.